

Slàinte SNS na h-Alba

Plana Gàidhlig SNS na h-Alba

A Chàirdean

Tha SNS Slàinte na h-Alba air dreachd de Phlana Gàidhlig a chur ri chèile airson SNS na h-Alba agus thathar a' sireadh bheachdan a-nis. Tha an sgrìobhainn-chomhairleachaidh agus na ceistean a chuidicheas ri freagairtean air na làraichean-lìn a leanas:

nhs.healthscotland-publications@nhs.net

[Slàinte na h-Alba air an Lìon](#)

Tha sinn a' cur fàilte air ur cuid bheachdan a thaobh cho èifeachdach is a bhios an dreachd den Phlana Ghàidhlig againn gus eòlas air a' Ghàidhlig a chur air adhart don luchd-obrach agus do dh'euslaintich ann an SNS na h-Alba agus mar thaic ri cothrom air ullachadh sheirbheisean aig ìre àrd càileachd do luchd-labhairt is luchd-leughaidh na Gàidhlig. Chaidh Plana Gàidhlig SNS na h-Alba a chur ri chèile mar fhreagairt air Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus tha e stèidhichte air stiùireadh a thug Bòrd na Gàidhlig aig a bheil e mar amas cur ri tuigse, cleachdadh agus cothrom air cànan is cultar na Gàidhlig.

Tha sinn gu sònraichte ag iarraidh nam beachdan agaibh air na gnìomhan a thathar a' moladh a tha air an cur an làthair airson nan trì tàbhachdan, is e sin ìomhaigh, conaltradh agus luchd-obrach. Chuireamaid fàilte air na beachdan agaibh mu nì sam bith am broinn a' phlana agus nuair a bhios sibh a' nochdadh bheachdan, bidh e na chuideachadh ma mhinicheas sibh atharrachaidhean sam bith a tha sibh a' moladh air na tha san dreachd a chuidichadh sinn adhbhar Plana Gàidhlig SNS na h-Alba a neartachadh.

Bhiodh nur comain nam b' urrainn dhuibh freagairt anns an riochd a thug sinn seachad gus an gabh sinn beachd is an toir sinn freagairt gu h-èifeachdach air raon nam beachdan a gheibheamaid. Lìonaibh a-steach bileag-comhairleachaidh an luchd-fhreagairt aig deireadh nan ceist cuideachd mas e ur toil e.

Cuiribh beachdan sam bith air Plana Gàidhlig SNS na h-Alba gu **Michael Tornow** (Michael.tornow@nhs.net) ro **5 Màrt 2012**. Tha sinn air ceistean-comhairleachaidh a chur an cois na litreach seo a chuidicheas gus ur cuid beachdachaidh a threòrachadh.

Na biodh leisg oirbh am post-dealain seo a sgaoileadh do dhaoine leis a bheil sibh ag obair agus a dh'fhaodadh ùidh a ghabhail sa chùis.

A' làimhseachadh nam beachdan agaibh

Feumaidh fios a bhith againn ciamar a tha sibh ag iarraidh gun tèid an fhreagairt agaibh a làimhseachadh agus, gu sònraichte, a bheil sibh leagte ris gun tèid na freagairtean agaibh fhoillseachadh.

Lìonaibh a-steach agus cuiribh air ais Bileag-fiosrachaidh an Luchd-fhreagairt ann an Earrann 6 gu h-ìseal oir nì seo cinnteach gun gabh sinn gnothach ris an fhreagairt agaibh mar as iomchaidh. Ma dh'iarraas sibh nach tèid an fhreagairt agaibh fhoillseachadh, gabhaidh sinn rithe mar dhiomhaireachd is làimhsichidh sinn a rèir sin i.

Bu chòir don luchd-fhreagairt uile a bhith mothachail gu bheil SNS na h-Alba fo na cumhaichean ann an Achd Saoradh an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 agus gum feumadh i a rèir sin beachd a ghabhail air iarrtas sam bith thuice fon Achd airson fiosrachaidh ceangailte ri freagairtean air an obair-chomhairleachaidh seo.

Dè bhios a' tachairt an uair sin?

An dèidh a' chinn-latha mu dheireadh, thèid na freagairtean uile a sgrùdadh agus a bheachdachadh cho math ri fianais sam bith eile a tha ann gus ar cuideachadh gus co-dhùnadh a dhèanamh mun rùn is mun taic againn ris a' Ghàidhlig. Tha e san amharc againn aithisg a chur a-mach mun obair-chomhairleachaidh aon uair is gu bheil am Plana Gàidhlig againn air a chur fa chomhair Bhòrd na Gàidhlig gus a bheachdachadh air 2 Giblean 2012.

Dreachd Plana Gàidhlig SNS na h-Alba – na ceithir raointean bunaiteach mu libhrigeadh sheirbheisean

1 Ìomhaigh

A bheil sibh toilichte leis na geallaidhean ann am Plana SNS na h-Alba?

A bheil càil sam bith eile a mholadh sibh?

2 Conaltradh

A bheil sibh toilichte leis na geallaidhean ann am Plana SNS na h-Alba?

A bheil càil sam bith eile a mholadh sibh?

3 Luchd-obrach

A bheil sibh toilichte leis na geallaidhean ann am Plana SNS na h-Alba?

A bheil càil sam bith eile a mholadh sibh?

4 San Fharsaingeachd

Bheil mìr sam bith den obair againn nach eil air a chòmhdach anns a' Phlana againn a bu chòir dha a bhith?

A bheil sibh a' smaoinichadh gu bheil Plana Gàidhlig SNS na h-Alba na mhodh èifeachdach gus Gàidhlig a chur air adhart ann an SNS na h-Alba?

A bheil buannachdan sam bith à cur air adhart a' chànain nach eilear air còmhdach nur beachd agus a tha sibh ag iarraidh a bhith am broinn a' Phlana?

A bheil sibh a' smaoinichadh gu bheil planaichean Gàidhlig nam modh èifeachdach gus àite seasmhach a dhaingneachadh don Ghàidhlig?

5 Bileag-fiosrachaidh Luchd-comhairleachaidh

Dreachd Plana Gàidhlig SNS na h-Alba

Lìonaibh a-steach am fiosrachadh gu h-ìseal agus cuiribh air ais leis an fhreagairt agaibh e. Cuidichidh seo gus a dhèanamh cinnteach gun làimhsich sinn an fhreagairt agaibh mar as còir. Tapadh leibh airson ur cuideachaidh.

Ainm

Eagrachadh (mas iomchaidh)

Seòladh

.....

Àireamh-fòn

Post-dealain

1. A bheil sibh a' freagairt: (cuiribh diog ann an aon bhogsa)

Mar neach-aonair

(rachaibh gu ceist

2a/b)

Às leth buidhne/eagrachaidh

(rachaibh gu ceist 3)

Freagairt-aonair

2a. A bheil sibh leagte ris gun tèid an fhreagairt agaibh a nochdadh ris a' phoball?

Tha

(rachaibh gu ceist 2b gu h-ìseal mas e ur toil e)

Chan eil idir

Gabhaidh sinn ris an fhreagairt agaibh ann an dìomhaireachd

2b **Nuair nach eilear air dìomhaireachd iarraidh**, nochdaidh sinn an fhreagairt agaibh ris a' phoball air a' bhunait a leanas (cuiribh diog ann am **fear** de na bogsaichean a leanas mas e ur toil e)

Tha, nochdaibh mo fhreagairt, m' ainm is mo sheòladh

Tha, nochdaibh mo fhreagairt ach na nochdaibh m' ainm no mo sheòladh

Tha, nochdaibh mo fhreagairt is m' ainm ach na nochdaibh mo sheòladh

Às leth Buidhnean no Eagrachaidhean

3 Thèid ainm is seòladh an **eagrachaidh** agaibh a nochdadh ris a' phoball. A bheil sibh leagte ris cuideachd gun tèid an fhreagairt agaibh a nochdadh?

Tha

Chan eil

Gabhaidh sinn ris an fhreagairt agaibh ann an dìomhaireachd

Ainmean Luchd-freagairt (ri bhith air a chrìochnachadh ann an comhairle le Bòrd na Gàidhlig)

- Health Board CEOs
- Equality Leads
- Royal Colleges (BMA, RCGP, RCN etc)
- Public Partnership Fora
- LTCAS
- VHS
- CHEX
- BEMIS
- SCVO
- Consumer Focus Scotland
- EHRC
- Citizens Advice
- Acair
- Am Baile
- BBC Craoladh nan Gaidheal: Glasgow, Inverness, Stornoway
- Cànan
- Colmcille
- Clì Gàidhlig
- An Comunn Gàidhealach (nationally and local branches)
- Comann na Gàidhlig
- Comann nam Pàrant (nationally and local branches)
- Comhairle nan Sgoiltean Àraich
- Comhairle nan Leabhraichean
- Eurolang
- Fèisean na Gàidheal
- Foundation for Endangered Languages
- Gaelic Committees: Comhairle nan Eilean Siar, Highland Council, Argyll and Bute Council
- Gaelic Development Officers/Workers: Highland Council, Comhairle nan Eilean Siar, Perth & Kinross, Edinburgh City Council
- Gaelic Media Service
- Gaelic Society of Inverness
- Gaelic Society of London
- Gàidheal Òga
- Gàidhlig Air-loidhne
- Highlands and Islands Enterprise
- Inverness Gaelic Forum
- Lèirsinn
- The Mòd Company
- Gaelic Development Steering Committee (Nova Scotia)
- Sabhal Mòr Ostaig (Gaelic College)
- Scottish Parliament Cross Party Group on Gaelic
- Schottisch-gaelisch.de
- Sinne (Strathspey and Badenoch Gaelic Group)

- Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
- TeleG
- Tosg
- University Celtic Departments (Aberdeen, Glasgow, Edinburgh)
- UHI Millennium Institute
- All Gaelic schools/Gaelic units and Gaelic classes (both GME and GLE)
- Various Irish, Welsh and Manx language organisations/media